



## Cairt èiginn na gnàth-sìde

Mar bhuidhinn phoblach, bidh sinn nar n-eisimpleir a thaobh mar a tha sinn a' brosnachadh ar n-obrach a thaobh èiginn na gnàth-sìde. Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh èiginn na gnàth-sìde agus tha sinn a' toirt air adhart cairt èiginn gnàth-shìde an seo. Tha sinn cuideachd a' leantainn nan [Amasan airson Leasachadh Seasmhach](#). Anns na molaidhean a leanas, a bharrachd air na poileasaidhean àrainneachd againn, tha sinn a' foillseachadh cairt èiginn gnàth-sìde airson na buidhne gus na miannan againn a shoilleireachadh a thaobh sgioba Bhòrd na Gàidhlig agus mar a bhios sinn ag obair le com-pàirtichean air an taobh a-muigh.

**1. A' leantainn nan seachd deug amasan seasmhachdmar a tha iad air am mìneachadh san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta.** <https://nationalperformance.gov.scot/sustainable-development-goals>. Tha sinn a' leantainn amasan an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta gu dlùth anns an obair a tha sinn a' dèanamh.

**2. A bhith ag aithneachadh èiginn na gnàth-shìde ann am poileasaidhean.**

Bidh sinn aig Bòrd na Gàidhlig mothachail air an àrainneachd anns na poileasaidhean a bhios sinn a' cruthachadh. Tha seo a' gabhail a-steach mion-phoileasaidhean agus poileasaidhean air an taobh a-staigh.

**3. Ag amas a bhith neodrach a thaobh carboin.**

Mar a tha sgrìobhte sna poileasaidhean againn, tha sinn air a bhith ag amas fad bliadhna air a bhith neodrach a thaobh carboin anns gach rud a tha sinn a' dèanamh. Tha seo a' gabhail a steach nuair a bhios sinn air ais sna h-ofisean.

**4. Far a bheil e idir comasach, tha sinn a' brosnachadh nam modhan siubhal as fhèarr don àrainneachd agus a bhith a' seachnad siubhal far an urrainn dhuinn.**

Tha an obair againn a' gabhail a-steach Alba air fad ach tha far a bheil e reusanta, cleachdaidh sinn na dòighean siubhal a tha as fhèarr don àrainneachd. Tha seo cuideachd air a riochdachadh anns a' phoileasaidh siubhal againn.

**5. A' leantainn an deagh chleachdadh as ùire a thaobh amasan àrainneachd na h-Alba agus ag atharrachadh nan dòighean-obrach againn far a bheil sin freagarrach.**

Tha sinn ag obair gu dhlùth le buidhnean poblach eile gus cumail air adhart ri poileasaidhean seasmhach ann an Alba agus ma tig piseach air dòighean obrach, atharrachaidh sinn iad.

**6. Bidh sinn mothachail air an àrainneachd anns gach rud a tha sinn a' dèanamh.**

Anns an obair a tha sinn a' dèanamh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh air feadh na h-Alba, bidh sinn mothachail gu bheil èiginn gnàth-sìde a' tachairt agus a' brosnachadh nam

buidhnean leis a bheil sinn ag obair agus a tha sinn a' maoineachadh gus a bhith mothachail air sin.

**7. Cleachdaidh sinn solarachadh seasmhach.**

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh Public Contracts Scotland mar as trice airson solarachadh. Bidh pròiseas solarachaidh againn a' leantainn plana an Riaghaltais. <https://www.gov.scot/policies/public-sector-procurement/sustainable-procurement-duty/>.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig solarachadh seasmhach aig an ìre as àirde. Bidh cunnartan agus cothroman a thaobh seasmhachd fa-near dhuinn nuair a thèid gabhail ri tairgsean sam bith.

**8. Cruthachaidh sinn sgioba àrainneachd taobh a-staigh bliadhna.**

Cruthachaidh sinn sgioba àrainneachd taobh a-staigh na buidhne a bhios a' coinneachadh trì tursan gach bliadhna airson a bhith a' togail air na siostaman seasmhach againn.

**9. Cruthachaidh sinn plana èiginneach na gnàth-shìde taobh a staigh bliadhna.**

Còmhla ris an sgioba àrainneachd agus ag obair gu dhlùth le buidhnean eile, cuiridh sinn plana èiginneach na gnàth-shìde ri chèile.